




Ceanglaichean ri Èirinn



*An fhèile, nach do reub
an cuan nach do mhill
mìle bliadhna...*

Somhairle MacGillEain

Tha sluagh agus cànanan na h-Èireann agus na h-Alba ceangailte ri chèile leis an aon eachdraidh agus leis na freumhan domhainn a th' aca san aon **dualchas**. Cha robh mòran a' cur stad air daoine bho bhith a' falbh 's a' tighinn thar Sruth na Maoile, an caolas eadar Aontroim ann an Èirinn a Tuath agus Maol Chinn Tìre air costa iar-dheas na h-Alba.


Bhiodh malairt a' dol air adhart thar a' chuain eadar muinntir a' Chost an Iar agus muinntir na h-Èireann.



Taigh-solais air Rubha Chinn Tìre



Alba air a faicinn à Eilean Reachlainn, Contae Aontroma



Bha iad a' bruidhinn cànanan **Goidhealach** a bha coltach ri chèile. Bha e gu math na b' fhasa seòladh thar a' chuain na siubhal air tìr. Cha robh ach beagan mhìltean eadar Èirinn agus Ceann Tìre.



Bha an aon theaghlach, a thàinig bho Fhearghas Mòr mac Eirc, a' riaghladh fearann air dà thaobh Sruth na Maoile chun an t-7mh no an 8mh linn.

Ach dh'fhàs e na bu dhuilghe do rìghrean Dhalriata smachd a chumail ann an Ulaidh.

Thàinig mòran ùpraid san 9mh linn le na h-ionnsaighean Lochlannach agus sgar an dà rìoghachd bho chèile.





Iomhaigh Raibeirt Bhruis ann an Sruighlea

Tha e coltach gun robh **Raibeart Brus**, Rìgh na h-Alba eadar 1306-1329, airson gun deigheadh na h-Èireannaich còmhla ris na h-Albannaich leis gun robh an aon eachdraidh, na h-aon **chleachdaidhean** agus an aon chànan aca.

Tha daoine air a bhith a' gluasad eadar cladaichean Èirinn agus Alba fad linntean agus chruthaich seo na dùthchannan agus an dearbh-aithne as aithne dhuinn an-diugh.

Gu dearbh, nuair a thàinig an naomh Èireannach **Colum Cille** à Èirinn a dh'Eilean Ì ann an 563, thug e buaidh air mar a bhiodh Alba tuilleadh. Stèidhich e **manachainn** air Eilean Ì, agus bha Alba an Iar agus Ear-thuath na h-Èireann le chèile ann an **Rìoghachd Dhàilriata**.



Faodaidh *Gaelic* iomradh a thoirt air Gàidhlig na h-Alba, no Gaeilge na h-Èireann. Tha an dà chànan gu math coltach ri chèile. Tha **tùs** Ceilteach orra le chèile.

Thàinig iad le chèile bho chànan nan Gàidheal, an sluagh Ceilteach a thàinig à tìr-mòr na Roinn Eòrpa gu Èirinn (agus an dèidh sin gu Alba agus gu Eilean Mhanainn).



■ Èirinn (Gaeilge)

■ Alba (Gàidhlig)



Tha cànanan **dùthchasach** na h-Èireann (Gaeilge) agus na h-Alba (Gàidhlig) nam pàirt de theaghlach nan cànanan Goidhealach, a thàinig bho na Ceilitich a **thuinnich** ann an Èirinn agus ann an Alba.



Cad e mar ata tu?

Ciamar a tha thu?



Tha mi gu math!

Ged a dhealaich na cànanan bho chèile, tha iad fhathast cho coltach ri chèile 's gun urrainn beachd math a bhith aig neach a tha a' bruidhinn aon chànan, dè chaidh a ràdh sa chànan eile.

Bha Gàidheil à Èirinn a' siubhal agus a' fuireach ann an Ceann Tìre agus taobh siar Earra-Ghàidheal ron t-6mh linn.

Bha mòran dhiubh bho rìoghachd bheag ris an canar Dalriata ann an Aontroim, rìoghachd a bha mar phàirt den roinn eachdraidheil na bu mhotha ris an canar Ulaidh.

Chan eil mòran **fianais** air fhàgail air na daoine seo ach a-mhàin ann an clàraidhean Èireannach.

